FOR OFFICIAL USE

| | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|
| | | | | | |

**G**

| KU | ES |
|---|---|
| | |

Total Marks

# 1260/409

TEISTEANAIS NÀISEANTA 2011

DIMÀIRT, 24 CÈITEAN
10.25 M - 11.50 M

# CRUINN-EÒLAS
## AN ÌRE CHOITCHEANN
### Meadhan Ìre

**Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.**

Làn ainm sgoile no colaiste

Baile

Ciad ainm(ean)

Sloinneadh

Latha breith

Là Mìos Bliadhna

Àireamh an oileanaich

Àireamh an t-suidheachain

1 Leugh gach ceist gu lèir 's gu faiceallach mus freagair thu i.

2 Sgrìobh anns na rumannan ullaichte.

3 Far am bi bogsaichean mar seo ☐ ullaichte, cuir diog ✓ sa bhogsa ri taobh na freagairt a tha nad bheachd-sa ceart.

4 Feuch na ceistean uile.

5 Na leig seachad a' chùis a' chiad uair a thig stad ort: is dòcha gum bi thu comasach air ceistean a fhreagairt nas fhaide air adhart.

6 Gheibhear tuilleadh pàipeir bhon Fhreiceadan, ma tha feum air.

7 Mus fàg thu rùm na deuchainne feumaidh tu an leabhar seo a thoirt don Fhreiceadan. Mur dèan thu seo, tha thu ann an cunnart na comharraidhean gu lèir airson a' phàipeir seo a chall.

SQA ©

**1.** **Diagram Q1A**



*Comharraidhean* | KU | ES

**1. (a' leantainn)**

Coimhead air an Earrainn-Mhapa Tomhas Riaghaltais (Àir 1879/308) agus Diagram Q1A air *Duilleag a dhà*.

(*a*) Thoir cunntas air **feartan fiosaigeach** an Abhainn Wear bho 287390 gu 280432.

**3**

(*b*) Coimhead air Diagram Q1A agus an Earrainn-Mhapa.

Tha an làrach air an robh Durham bho thùs ann an Roinn A air Diagram Q1A.

A' cleachdadh fiosrachadh bhon mhapa, ainmich feartan a tharraing daoine chun an làraich sin sa chiad àite.

**3**

(*c*) Lorg Cèarnaidh B air Diagram Q1A agus air an Earrainn-Mhapa.

**"Bhiodh e doirbh do Durham leudachadh gu Cèarnaidh B."**

A bheil thu ag aontachadh gu tur ris an aithris seo?

Thoir adhbharan seachad airson do fhreagairt.

**4**

*Comharraidhean* | KU | ES

**1. (a' leantainn)**

(*d*) Lorg High Shincliffe air Diagram Q1A agus air an Roinn-Mhapa.

**"'S e baile tàmhach coimhearsnachd far a bheil a' chuid mhòr den t-sluagh a' siubhal gu baile nas motha airson obair."**

Thoir seachad fiosrachadh bhon mhapa airson sealltainn gu bheil High Shincliffe na fho-bhaile.

**3**

*Comharraidhean* | KU | ES

**1. (a' leantainn)**

**Diagram Q1B: Sgeama Leasachaidh Mount Oswald**




(*e*) Dèan sgrùdadh air an Roinn-Mhapa, Diagram Q1A agus Diagram Q1B.

Tha planaichean ann raon goilf Mount Oswald a thionndadh gu pàirc-ghnìomhachas, sgìre-còmhnaidh agus pàircean.

**"'S e àite math a bhiodh an seo airson an leasachaidh ùir."**

A bheil thu ag aontachadh gu tur ris an aithris seo?

Thoir adhbharan seachad airson do fhreagairt.

4

*Comharraidhean* | KU | ES

**2. Diagraman Q2A agus Q2B: Sgeidsean de Chùrsa Abhainn**



**A**



**B**

Coimhead air Diagraman Q2A agus Q2B.

Dè an diagram a tha a' sealltainn a' chùrsa as àirde den abhainn?

Thoir seachad adhbharan airson do roghainn.

Roghainn: Diagram ____________

Adhbharan ____________________________________________

____________________________________________

____________________________________________

____________________________________________

____________________________________________

____________________________________________ **4**

*Comharraidhean* | KU | ES

**3. Diagram Q3: Buaidhean an tuil-sneachda san RA, an Gearran 2009**

Cabhsairean sleamhainn

Puirt-adhair Heathrow, Gatwick agus Baile Lunnainn dùinte

Àrdachadh ann an reic sleidsichean, salainn, miotagan agus bòtannan



Sia millean duine a' gabhail latha dheth

Malairt aig Ionadan sgithidh an àird 20%

Gnìomhachasan a' call còrr air £1·2 billean

Coimhead air Diagram Q3.

B' e an tuil-sneachda anns a' Ghearran 2009 a bu mhotha airson 18 bliadhna.

**"Cha do dh'adhbhraich seo ach duilgheadasan."**

A bheil thu ag aontachadh gu tur ris an aithris seo?

Thoir adhbharan airson do fhreagairt.

______________________________________________

______________________________________________

______________________________________________

______________________________________________

______________________________________________

______________________________________________ **4**

**[Tionndaidh an duilleag**

**4.** **Diagram Q4A: Stèiseanan Gnàth-Shìde 1, 2, 3 agus 4**




**Diagram Q4B: Grafaichean Gnàth-Shìde**




**A**




**B**




**C**

*Comharraidhean* | KU | ES

**4. (a' leantainn)**

(*a*) Coimhead air Diagraman Q4A agus Q4B.

Cuir crìoch air a' chlàr gu h-ìosal a' cur nan stèiseanan ghnàth-shìde ceart 1, 2, 3 agus 4 a rèir na graf cheart.

| *Graf Gnàth-Shìde* | *Stèisean Gnàth-Shìde* |
|---|---|
| A | |
| B | |
| C | |

3

(*b*) Tagh **aon** de na grafaichean gnàth-shìde air an sealltainn ann an Diagram Q4B.

Cuir diog (✓) ri do roghainn.

A ☐ B ☐ C ☐

Thoir cunntas air a' bhuaidh a tha aig seo air dòigh-beatha dhaoine.

________________________________________

________________________________________

________________________________________

________________________________________

________________________________________ 3

**[Tionndaidh an duilleag**

*Comhàrraidhean* | KU | ES

**5.** **Diagram Q5: Adhbharan dìth-choillteachadh
Srath Abhainn na h-Amazon**

| *Adhbhar dìth-choillteachadh* | *Às a' cheud* (%) |
|---|---|
| **A** Tuathanachas bith-beò | 30 |
| **B** Rainseadh chrodh | 60 |
| **C** Gearradh chraobhan | 7 |
| **D** Mèinneadh, rathaidean, damaichean agus bailtean | 3 |

(*a*) Coimhead air Diagram Q5.

Cuir crìoch air am graf-paidh gu h-ìosal le bhith a' cleachdadh nam figearan + litrichean A, B, C, D ann an Diagram Q5.




3

*Comharraidhean* | KU | ES

**5. (a' leantainn)**

(*b*) Tagh **aon** de na leanas agus **mìnich** a' bhuaidh a th' aige air àrainneachd Srath Abhainn na h-Amazon.

| | | |
|---|---|---|
| **gearradh chraobhan** | **tuathanachas bith-beò** | **rainnseadh chrodh**. |

3

**[Tionndaidh an duilleag**

*Comharraidhean* | KU | ES

**6. Diagram Q6: Prìomh-naidheachdan air Leasachaidhean ann am Meadhan Bhailtean**




**"Cha bu chòir do gin de na leasachaidhean sin a dhol air adhart."**

Neach-còmhnaidh

A bheil thu ag aontachadh gu tur ris an aithris seo?

Thoir adhbharan airson do fhreagairt.

______________________________________________

______________________________________________

______________________________________________

______________________________________________

______________________________________________

______________________________________________ **4**

*Comharraidhean* | KU | ES

**7. Diagram Q7: Factaran a' toirt buaidh air Tuathanas Glen Rinnes, Siorrachd Mhoireibh**




Coimhead air Diagram Q7.

**"Tha Tuathanas Glen Rinnes air a shuidheachadh ann an àite air leth airson tuathanas."**

A bheil thu ag aontachadh gu tur ris an aithris seo?

Thoir adhbharan seachad airson do fhreagairt.

4

**[Tionndaidh an duilleag**

**8. Diagram Q8A: Seann Mhuileann Pàipear aig Inbhir Ùraidh**



**Diagram Q8B: Suidheachadh Seann Mhuileann Pàipear Inbhir Ùraidh**



Comharraidhean | KU | ES

**8. (a' leantainn)**

(*a*) Coimhead air Diagraman Q8A agus Q8B.

Dhùin Muileann Pàipear Inbhir Ùraidh ann an 2009.

Tha buidheann de sgoilearan cruinn-eòlais airson faighinn a-mach mun bhuaidh a bha aig dùnadh na muilne.

Dè na dòighean cruinneachaidh a chleachdadh iad?

Thoir adhbharan seachad airson do roghainnean.

**4**

(*b*) Tha mòran chompanaidhean air ùidh a shealltainn ann an làrach Muileann Pàipear Inbhir Ùraidh.

**Mìnich** buannachdan an làraich seo **airson** gnìomhachas saothrachaidh.

**4**

**[Tionndaidh an duilleag**

*Comharraidhean* | KU | ES

**9. Diagram Q9A: Atharrachadh Structair Aois, An Eadailt 2000-2025**




(*a*) Coimhead air Diagram Q9A.

**Thoir cùnntas air** na h-atharrachaidhean ann an structair sluaigh na h-Eadailt eadar 2000 agus na thathar den bheachd a bhios ann airson 2025.

______________________________________________

______________________________________________

______________________________________________

______________________________________________

______________________________________________

______________________________________________ **3**

**9. (a' leantainn)**

**Diagram Q9B: Mapaichean den Eadailt**

**Dùmhlachd Sluaigh**




**CLÀR** Dùmhlachd sluaigh airson gach sq km

- Còrr air 200
- 100–200
- Nas lugha na 100

**Feartan Fiosaigeach agus Daonna na h-Eadailt**




**CLÀR**

- Talamh àrd
- Boglach
- Prìomh ionad gnìomhachais
- Ionadan cultair agus eachdraidh
- Bailtean turasachd air an oirthir

NA SGRÌOBH ANNS NA CUILBH SEO

*Comharraidhean* | KU | ES

(*b*) Coimhead air Diagram Q9B.

Dè na ceanglaichean a tha eadar dùmhlachd sluaigh agus feartan fiosaigeach agus daonna na h-Eadailt?

**4**

**10. Diagram Q10: Às-mhalairt bho Dhùthchannan Leasaichte agus Fo Leasachadh**

**Leasaichte** **Fo Leasachadh**




Coimhead air Diagram Q10.

(*a*) Ciamar a tha am pàtran malairt a tha air a shealltainn ann an Diagram Q10 ag adhbharachadh dhuilgheadasan airson dhùthchannan fo leasachadh?

________________________________________

________________________________________

________________________________________

________________________________________

________________________________________ **3**

(*b*) Ainmich **dà** dhòigh eile anns am faodadh am fiosrachadh ann an Diagram Q10 a bhith air a shealltainn.

Thoir adhbharan seachad airson do roghainn.

Dòigh 1 ________________________________

Adhbhar ________________________________

________________________________________

________________________________________

Dòigh 2 ________________________________

Adhbhar ________________________________

________________________________________

________________________________________ **4**

*Comharraidhean* | KU | ES

**11. Diagram Q11: Feartan Sgeamaichean Fèin-chuideachaidh**




**Mìnich** carson a tha Sgeamaichean Fèin-chuideachaidh freagarrach airson Dhùthchannan Fo-Leasachadh.

______________________________________________

______________________________________________

______________________________________________

______________________________________________ **3**

[*CRÌOCH A' PHÀIPEIR*]

**[DUILLEAG FHALAMH]**